

Aithisg Builean Co-ionannachd agus Àbhaisteachaidh Comhairle Obar Dheathain 2021-2025 – Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Baile Obair Dheathain air Plana Co-ionannachdan aontachadh gus co-ionannachd a bhrosnachadh agus a leabachadh anns na seirbheisean againn airson an ath cheithir bliadhna bho 2021 gu 2025.

'S e am prìomh pìos reachdais a tha a' stiùireadh na h-obrach againn [Achd na Co-ionannachd 2010](#). Fo na Dleastanasan Coitcheann san Achd, feumaidh sinn cur às do leth-bhreith; co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh; agus deagh dhàimhean a bhrosnachadh eadar daoine aig a bheil feart dìonte daoine aig nach eil. 'S iad na feartan dìonte mar a tha iad air am [mìneachadh](#) ann an Achd na Co-ionannachd 2010: Aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise.

Gus am plana againn a dheasachadh, bha againn ris na prìomh neo-ionannachdan agus dùbhlain aig muinntir Obar Dheathain a thuigsinn, is mar sin, rinn sinn na leanas:

1. Bheachdaich sinn air fianais ionadail is nàiseanta air co-ionannachd,
2. Chnuasaich sinn air obair co-ionannachd a rinn sinn roimhe agus,
3. Rinn sinn tòrr obair com-pàirteachadh coimhearsnachd, a' gabhail a-steach coinneamhan le buidhnean agus suirbhidh air-loidhne.

Mar Chomhairle bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dìcheall gus co-ionannachd adhartachadh thar nan seirbheisean uile againn agus tha sinn moiteil às an obair seo. Chuidich an obair ullachaidh seo sinn tro bhith a' toirt dhuinn am fiosrachadh a bha a dhìth oirnn gus na prìomh neo-ionannachdan a chomharrachadh mu bheil daoine san sgìre draghail. Tha na prìomh chuspairean seo uile rim faicinn anns na gealltanasan agus Builean Co-ionannachd anns a' Phlana.

Is e an ath cheum san obair seo a bhith a' dèanamh barrachd conaltraidh le coimhearsnachdan gus gnìomhan sònraichte a dhealbhadh gus ar cuideachadh le bhith a' coileanadh nam Builean Co-ionannachd againn.

Airson barrachd fiosrachaidh no gus pàirt a ghabhail ann, cuir fios gu sgioba na co-ionannachd: equality_and_diversity@aberdeencity.gov.uk

Molaidhean airson Builean Co-ionannachd Ùra airson 2021-2025

Comhairle Baile Obair Dheathain mar sholaraidhe sheirbheisean

Buil Co-ionannachd 1 - Gheibh a h-uile duine le feartan dìonte cothrom air fiosrachadh, bathar agus seirbheisean le fios gu bheillear a' comharrachadh agus a' toirt air falbh cnapan-starra sòisealta is fiosaigeach, le fòcas air Aois, Ath-dhealbhadh gnè agus Ciorram.

Buil Co-ionannachd 2 - Bidh barrachd faireachdainn de shàbhailteachd agus de bhuinteanas aig coimhearsnachdan eadar-dhealaichte ann an Obar Dheathain taobh

a-staigh na nàbaidheachd agus a' bhaile mhòr aca, le fòcas air Cinneadh (a' gabhail a-steach Siopsaich/Luchd-siubhail), Creideamh agus Taobhadh Feise.

Buil Co-ionannachd 3 - Thèid piseach a thoirt air riochdachadh dhaoine le feartan dìonte ann an com-pàirteachadh catharra le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na ceannardan, luchd-obrach agus buidheann a' toirt taic do cho-ionannachd anns a' Bhaile, le fòcas air Ciorram, Cinneadh agus Gnè.

Comhairle Baile Obair Dheathain mar fhastaiche

Buil Co-ionannachd 1 - Cuir ri iomadachd an luchd-obrach againn agus cuir aghaidh air fo-riochdachadh sam bith, a' dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd chothroman ann airson a h-uile buidheann dìonte (a' coimhead an dà chuid air luchd-obrach air an taobh a-staigh agus tagraichean bhon taobh a-muigh), le fòcas sònraichte agus prìomhaichte air Aois, Ciorram, Cinneadh agus Gnè.

Buil Co-ionannachd 2 - Dèan cinnteach gu bheil gach neach-obrach againn aig a bheil feartan dìonte a' faireachdainn gu bheil a' cur làn luach annta, gu bheil iad sàbhailte agus gu bheil iad air an gabhail a-steach dhan a h-uile rud san obair, le fòcas sònraichte is prìomhaichte air Aois, Ciorram, Ath-dhealbhadh gnè, Cinneadh, Gnè agus Taobhadh feise.

Ùghdarras Foghlaim Comhairle Baile Obair Dheathain

Buil Co-ionannachd 1 - Cuir ri ruigsinneachd air fiosrachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cnapan-starra conaltraidh air an toirt air falbh airson clann, daoine òga agus teaghlachan air a bheil ciorram.

Buil Co-ionannachd 2 - Cuir ris na faireachdainn de dh'earbsa agus de bhuntainn do sgoiltean agus coimhearsnachdan le bhith a' lughdachadh burraidheachd den fheadhainn aig a bheil feartan dìonte, cinneadh, ciorram, LGBT.

Buil Co-ionannachd 3 - Lùghdaich an àireamh de dh'às-dùnaidhean airson clann agus daoine òga air a bheil ciorram.

Bòrd Ceadachaidh Comhairle Baile Obair Dheathain

Buil Co-ionannachd 1 - A' leasachadh a' phròiseis ceadachaidh gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom na fèinne aig a h-uile duine, a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh pròiseasan airson tagraidhean agus pàighidhean dealanach agus a bhith a' cur coinneamhan Bòrd Ceadachaidh measgaichte (hybrid) air dòigh.

Buil Co-ionannachd 2 - Bidh am Bòrd Ceadachaidh ag obair ann an com-pàirteachas le farsaingeachd de luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gu bheil na co-dhùnaidhean as èifeachdaiche air an dèanamh gus amasan a' Bhùird a choileanadh agus bidh e cuideachd ag obair le daoine aig a bheil ceadan agus le seirbheisean eile na Comhairle gus taic a chumail ri giùlan iomchaidh ann an, agus faisg air, ionadan le ceadachas.

Airson barrachd fiosrachaidh, faic na ceanglaichean a leanas:

Easy read - Builean Co-ionannachd 2021-2025 - Geàrr-chunntas

Bhidio BSL - Builean Co-ionannachd 2021-2025 - Geàrr-chunntas

Gàidhlig - Builean Co-ionannachd 2021-2025 - Geàrr-chunntas

Aithisg Builean agus Àbhaisteach Co-ionannachd 2021-2025 Làn aithisg

Eàrr-ràdh 1 - Builean Co-ionannachd 2017 - 2021 – Lèirmheas is Adhartas

Eàrr-ràdh 2 - Fiosrachadh Luchd-obrach

Eàrr-ràdh 3 - Aithisg Builean agus Àbhaisteachadh Co-ionannachd ann am Foghlam 2021-2025

Eàrr-ràdh 4 - Bòrd Ceadachaidh Comhairle Baile Obair Dheathain: Aithisg Builean agus Àbhaisteachadh Co-ionannachd 21-25

Eàrr-ràdh 5 - Aithisg Suirbhidh Com-pàirteachadh Coimhearsnachd agus Co-ionannachd 2020